

# Am Faillean Ùr

Deòrsa Mac Iain Dheòrsa (George Campbell Hay)

Faillean fo bhlàth an garadh driùchdach leis fhèin,  
maise is fàs is fàileadh ùrar nan geug;  
siud coimeas mo ghràidh, 's is feàrr a giùlan 's a gnè.  
Tha aiteas is bàigh am fàilte mhùirnich a bèil.

Càite bheil gin le cridhe dh'fhairich an gràdh,  
nach seas air a cheum le spèis ga h-amharc air sràid?  
Uil' àillteachd is cruth na Cruitheachd innte a' tàmh.  
Tha sgiamh na cruinne cruinn san aghaidh gun smàl.

Lainnir is dreòs de òr gach cleirc air a ceann.  
A faicinn rim thaobh, a ghaoil, bu gheasachd siud leam.  
Sèimh bhruidhinn dhìleas, fhìor is furan gun fheall;  
guth ìosal 's e binn, guth bìth mar uisge le gleann.

Tha oidhche is là 's gach ràith 'dol tharad nach till,  
'cur sèiste rid bhòidhchead òg le falachd gun sgìos.  
Dèan gèilleadh don ghràdh, 's na fàg a' bhuaidh aig an tìom,  
mun gèill do cheann bàn is blàths do ghruaidh do 'strì.

*Reproduced with the kind permission of the W L Lorimer Trust Ltd.*